



Sanas Prìobhaideachd An Làrach-Lìn

Tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an t-Achd) airson na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh. Mar pàirt den dhreuchd sin, feumaidh sinn conaltradh a dhèanamh gu cunbhalach ri daoine aig a bheil dleastanas fon Achd no iad-san aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig fhèin, foghlam Gàidhlig no cultar na Gàidhlig.

Tha an sanas prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh am fiosrachadh pearsanta bho na daoine a chleachdas an làrach-lìn againne no a thèid ann an dàil rinn.

Tha dà roinn aig an sanas seo:

1. Fiosrachadh airson daoine a' tadhal air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig.
2. Fiosrachadh airson daoine a thèid ann an dàil rinn.

Roinn 1 - Luchd-tadhal air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig

Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh agus tha e a' strì an còmhnaidh gus piseach a thoirt air an dòigh anns an dèan e seo. Tha seo a' gabhail a-steach a' dèanamh ath-sgrùdadh gu cunbhalach air an dòigh anns an dèan sinn conaltradh ann am meadhan sam bith, leis an làrach-lìn a' solarachadh tùs fiosrachaidh riatanach mun dòigh anns an libhrig sinn na seirbhisean againn agus ruigidh sinn na h-amasan againn.

Cha chruinnich no làimhsich Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta sam bith mun fheadhainn a sheallas air duilleagan air an làrach-lìn againn, ged a chleachdas e staitistearachd a' tighinn bho briogaidhean, a thig thugainn ann an dòigh neo-ainmichte. Thèid na h-aithisgean seo a chleachdadh gus leasachadh na làraich-lìn a mheudachadh agus a chur piseach air an dòigh anns an obraich an làrach-lìn againn. Tha barrachd fiosrachadh air briogaidhean fodha.

Tha sinn toilichte ais-mholadh fhaighinn mun làrach-lìn againne agus dh'fhaodar seo a dhèanamh tron foirm ais-mholadh againn, a bhios a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta. Faic Roinn 2 airson barrachd fiosrachadh.

Fiosrachadh mu dheidhinn Briosgaidean

Tha sinn a' cleachdadh diofar briosgaidean air an làrach againn. Mur a h-eil fios agaibh dè th' ann am briosgaidean, no ciamar a cumas sibh smachd orra no sguabas sibh iad às, mhol sinn gun tèid sibh gu www.aboutcookies.org airson stiùireadh mionaideach.

Tha an liosta fodha a' mìneachadh nam briosgaid a chleachdas sinn air an làrach seo agus na tha sinn a' dèanamh leotha. An-dràsta tha sinn a' cleachdadh poileasaidh 'co-aonta implichte', a' ciallachadh gu bheil sinn an dùil gu bheil sibh toilichte leis an cleachdadh seo. Mur a h-eil sibh toilichte, cha bu chòir dhuibh an làrach seo a chleachdadh, no bu chòir dhuibh na briosgaidean a sguabadh às dèidh an làrach fhàgail, no bu chòir dhuibh sealltainn air an làrach ann an seatadh-cleachdaidh neo-ainmeach a' bhrabhsair agaibh (ainmichte "Incognito" ann an Chrome, "InPrivate" airson Internet Explorer, "Private Browsing" ann an Firefox agus Safari msaa.)

Briosgaidean Ciad Phearsa

'S e briosgaidean a th' ann an seo a thig bhon làrach-lìn seo gu dìreach.

Google Analytics: Tha sinn a' cleachdadh Google Analytics airson fiosrachadh a chruinneachadh mu modhan luchd-tadhail air an làrach-lìn againn. Chumaidh Google Analytics fiosrachadh mu na duilleagan a thadhail sibh air, dè cho fad 's a tha sibh air an làrach, ciamar a fhuair sibh ann agus dè air a bhios sibh a' briog. 'S ann bho taga JavaScript ann an duilleagan an làrach againn a bhios an dàta Analytics seo a chruinneachadh agus cha bhi e ceangailte ri fiosrachadh dearbhadh aithneachaidh. Mar sin, cha chruinnich sinn ur fiosrachadh pearsanta (m.e. an IP, ainm no seòladh agaibh) agus chan eil e comasach am fiosrachadh seo a chleachdadh gus ur dearbh-aithneachadh. Barrachd mu suidheachadh Google air prìobhaideachd ann an co-bhann ris an t-seirbhis anailiseach aige.

Barrachd fhiosrachadh air briosgaidean agus na cleachdaidhean aca.

Briosgaidean Treas Pearsa

Bidh na briosgaidean seo stèidhichte air an inneal agaibh le seirbhisean làraich-lìn taobh a-muigh a thathar a' cleachdadh air an làrach seo. 'S e briosgaidean den t-seòrsa seo a th' anns na putain co-roinneadh thar an làraich far am faod luchd-tadhail susbaint a cho-roinneadh gu lìonraidhean sòisealta. An-dràsta tha briosgaidean stèidhichte le Twitter agus Facebook. Gus na putain seo a' toirt gu buil agus gan ceangail ris na lìonraidhean sòisealta agus làraich taobh a-muigh, tha sgrìobtaichean bho àrainnean-lìn taobh a-muigh an làrach-lìn againne. Bu chòir fios a bhith agaibh gur dòcha gu bheil na làraich seo a' cruinneachadh fiosrachadh mu na tha sibh a' dèanamh air an eadar-lìon air fad agus cuideachd air an làrach-lìn seo.

Bu chòir dhuibh siùil a thoirt air poileasaidhean nan làraich seo airson faighinn a-mach mar a chleachdas iad am fiosrachadh agaibh agus mar a b' urrainn dhuibh am fiosrachadh a sguabadh às, no a ro-aontachadh.

Roinn 2 - A' Cur Fios Thugainn

Solarachaidh sinn foirm air-loidhne air an làrach-lìn againn mar dòigh anns am b' urrainn dhuibh fios a chur thugainn, ged a thèid a h-uile ceist a làimhseachadh anns an aon dòigh, ge bith dè an dòigh anns an tig iad thugainn. Tha làimhseachadh sam bith a tha ceangailte ris an dòigh anns an tèid ur ceist a fhreagairt nochdte fodha.

Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Cruinnichidh na foirmichean air-loidhne againn ainm, seòladh post-d agus mar is trice bidh teachdaireachd bheag a dhìth mus cuir sibh a-staigh e. Ma dh'fhaoidte gum bi fiosrachadh eile a dhìth nuair a thathar a' cruinneachadh cuid de na foirmean a rèir dè an t-adhbhar airson am fiosrachadh pearsanta agaibh a chruinneachadh, agus bidh an t-adhbhar an-còmhnaidh soilleir àiteigin air an fhoirm.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Bithear a' cleachdadh ur fiosrachadh airson freagairt a chur ris a' cheist agaibh, a' toirt na seirbheis seachad a thathar ag iarraidh, no ag obair air ur n-ais-mholadh. Bu chòir fios a bhith agaibh gur dòcha gum bi suidheachaidhean ann far am feum Bòrd na Gàidhlig, mar bhuidheann phoblach, ur fiosrachadh làimhseachadh ann an dòigh àraidh, mar eisimpleir iarrtas airson fiosrachadh a' tuiteam ann an sgòp Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 (FIOSA). Nuair a tha seo a' tachairt, thèid fios shoilleir a chur thugaibh ann am fios-freagairt a' co-sgrìobhaidh agaibh.

Nuair a tha sibh a' faighneachd mu dheidhinn seirbhis, sgeama maoinachaidh no obair eile a dh'iomairt le Bòrd na Gàidhlig, thèid ur ceist a chur ris an sgioba iomchaidh airson làimhseachadh. **Airson fios: uaireannan feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad airson freagairt fhaighinn dhan iarrtas agaibh, agus ann an cuid de suidheachaidhean bidh sinn feumach air ur co-aonta airson làimhseachadh a bharrachd.** Mar eisimpleir, 's dòcha gum feum sinn ur cur ri liosta dàlach airson fios margaidheachd no àrdachadh a chur thugaibh nach eil ri fhaighinn aig àm an iarrtas agaibh, ged a bhios e ri fhaighinn san àm ri teachd. Tha barrachd fiosrachadh ri fhaighinn bhon Sanas Prìobhaideachd Liostaichean Dàlach againn.

An tèid mo fhiosrachadh a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Mar a chaidh a ràdh roimhe, thèid an iarrtas no ais-mholadh agaibh air adhart ris an roinn as iomchaidh taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig gus manaidseadh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh làimhseachairean dàta airson dèiligeadh ris an làrach-lìn agus a' mhòr chuid den seirbhisean IT aige. Cha chuir sinn a-riamh ur fiosrachadh pearsanta air adhart gu treas pearsa gun co-aonta dìreach agaibh, ach nuair a tha riatanas reachdail no adhbhar laghail eile ann sin a dhèanamh.

Dè tha tachairt nuair nach eil feum ann airson mo chuid fhiosrachaidh?

Bidh an ùine a thèid ur fiosrachadh a chumail a' crochadh air an seòrsa iarrtas a th' ann, ged a bhios e an còmhnaidh a' cumail airson an ùine as lugha a b' urrainn dhuinn agus ann an co-rèir ris na poileasaidhean gleidhidh aig Bòrd na Gàidhlig.

Thèid iarrtasan coitcheann a sguabadh às cho luath is a gheibh iad freagairt ach ma 's e co-sgrìobhadh leantainneach a th' ann no ma dh'fheumas sinn faidhle fhosgladh, thèid e a chumail airson bliadhna bhon ceann-latha air an obair-ghnìomha mu dheireadh, ach ma tha adhbhar sònraichte eile ann airson a chumail.

Airson fios: ged a thèid ur iarrtas tòiseachail a làimhseachadh stèidhichte air a' cho-aonta agaibh, 's dòcha gum feum sinn ur iarrtas a chumail airson ùine stèidhichte air sgàth 's feumalachd laghail, mar eisimpleir ma tha ur iarrtas a' tuiteam fon FOISA. Tha seo cudromach a thaobh na còraichean a thaobh ur fiosrachadh pearsanta a chaidh am mìneachadh fodha. Ma tha ceistean sam bith agaibh mu dheidhinn mar a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh, cuiribh fios thugainn.

Còraichean a Bharrachd

Fon GDPR, tha còraichean a bharrachd agaibh a thaobh ur fiosrachadh pearsanta. Tha an còir agaibh:

- i. faighneachd airson cead-inntrigidh dhan fiosrachadh pearsanta agaibh;
- ii. faighneachd ceartachadh an fhiosrachaidh pearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun dàil thar cuimse;
- iii. faighneachd gun tèid ur fiosrachadh a suathachadh às nuair ann an cumhachan àraidh;
- iv. bacadh a chur air giullachd ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. cuir an aghaidh giullachd;
- v. gluasad dàta ann an cuid de suidheachaidhean.

Thèid iarrtasan ceangailte ri ceartachadh, suathachadh às no bacadh a chur air adhart ri faightear sam bith aig a bheil ur fiosrachadh pearsanta. Thèid fiosrachadh air faightearan a lorg anns an roinn *An tèid mo fhiosrachadh a chur air adhart gu duine sam bith eile?*

'S dòcha gum bi amannan ann nuair nach urrainn do Bòrd na Gàidhlig gèilleadh ris na h-iarrtasan seo. Ma tha seo a' tachairt dhuibh, bidh na h-adhbharan nach urrainn do Bòrd na Gàidhlig a ghèilleadh ris an iarrtas agus roghainn sam bith a th' agaibh a' mìneachadh dhuibh.

Nuair a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh le co-aonnta, tha còir a bharrachd ann an co-aonta agaibh thoirt air falbh uair sam bith. Bu chòir fios a bhith agaibh, ged a sguir Bòrd na Gàidhlig ur fiosrachadh a chleachdadh airson an adhbhair sin sa bhad, 's dòcha nach thèid ur fiosrachadh a thoirt air falbh bhon àrainn phoblach, mar eisimpleir nuair a thèid a chleachdadh ann an foillseachain cruaidh. Bu chòir fios a bhith agaibh cuideachd gu bheil an comas airson co-aonta a thoirt air falbh iomchaidh airson fiosrachadh pearsanta a-mhàin.

Chan eil e iomchaidh airson fiosrachadh mu buidhnean. 'S urrainn dhuibh fhaighinn a-mach mar a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh gu laghail anns an roinn *Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a' cleachdadh?*

Faodaidh sibh ur co-aonta airson ur fiosrachadh a chleachdadh airson adhbharan margaidheachd a thoirt air falbh uair sam bith.

Gearanan

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig ur fiosrachadh pearsanta, tha còir agaibh gearan a thoirt don Choimiseanair-fiosrachaidh, a tha a' riaghlachadh reachdas dìon dàta thar an RA. Thèid am fiosrachadh a lorg aig <https://ico.org.uk>.

Fiosrachadh Dàlach

'S e Bòrd na Gàidhlig a th' anns an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a th' air cruinneachadh agus làimhseachadh airson liostaichean luchd-ùidh agus luchd-aithne eile. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.org.uk/bord/en>.

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh gin den fiosrachadh anns an t-sanais phrìobhaideachd seo, cuiribh fios do na leanas anns a' chiad dol a-mach:

Ceannard an Ionmhas is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta
Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW
ofis@gaidhlig.scot

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
1	Logo agus Tionndadh ga chur ris	SB	17/10/2022